



Glaschubeò™



Get the most out of
GlasgowLife™

AN GEAMHRADH 2010/11

WINTER 2010/11

Gabh pàirt, ionnsaich agus dèan subhachas às na h-ealain Ghàidhlig agus à cànan is cultar na Gàidhlig. **Live, learn and celebrate Gaelic language, arts and culture.**

Celtic Connections **Celtic Connections**

Gach bliadhna, tha uair air Celtic Connections cultar na Gàidhlig a chur air àrd-ùrlar an teis meadhan nan tachartasan, agus san Fhaoilleach a' tighinn bidh solas na fèise a' deàlradh air cuid den tàlant ciùil as fheàrr eadar Alba agus Èirinn. Bidh Ceòl 's Craic a' toirt aoigheachd do fhèis ealan Ghàidhlig trì-latha san CCA mar phàirt de Celtic Connections, a' taisbeanadh leughadh bàrdachd, bùithtean-obrach, fiolmaichean agus òraidean, a thuilleadh air coileanaidhean àrd-ùrlair bho shreath chliùiteach de sheinneadairean Gàidhlig is luchd-ciùil, le Cathy-Anna Nic a' Phì, Barnaby Brown, Iain Moireasdan, Daibhidh Màrtainn agus Brian Ó hEadhra nam measg.

Bidh Celtic Connections a' gabhail àite bho 13mh gus an 30mh Faoilleach 2011 – faic a-staigh airson tuilleadh fiosrachaidh.

Every year, Celtic Connections is proud to place Gaelic culture centre stage, and this January the festival spotlight will shine on some of the finest Scottish and Irish Gaelic musical talent. Ceòl 's Craic will host a three-day Gaelic arts festival at the CCA as part of Celtic Connections, featuring poetry readings, workshops, films and talks, as well as performances by a top line-up of Gaelic singers and musicians including Cathy-Ann MacPhee, Barnaby Brown, Ian Morrison, David Martin and Brian Ó hEadhra.

Celtic Connections takes place from 13th until 30th January 2011 – see inside for more information.

Celtic CONNECTIONS 2011

Tha Glaschu Beò a' gabhail ri Ro-Innleachd nan Ealain Ghàidhlig Ùr (2011-14)

Glasgow Life adopts a New Gaelic Arts Strategy (2011-14)

Bidh Ro-Innleachd nan Ealain Ghàidhlig Ghlaschu Beò air fhollaiseachadh air 20mh Faoilleach 2011. Bidh am Ro-Innleachd nan seo a' dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig a' cumail oirre a' fàs agus a' spreagadh, agus na pàirt shònraichte de ionannachd a' bhaile, fhad 's a thathar a' gabhail air adhart a dh'ionnsaigh 2014 Geamannan a' Cho-Fhlaitheis.

Le còrr agus 20 com-pàirtiche ùr, tha na prìomh thachartasan a' gabhail a-steach prògram Ealain Ghàidhlig le Sgoil Ghaidhlig Ghlaschu; iomairt rannsachaidh Ealain Ghàidhlig; Fòraman Chruthan Ealan don luchd-ealain uile le ùidh ann an Gàidhlig (thar Litreachas, Dràma, Ealain Lèirsinneach agus Ceòl); agus mòran tachartasan agus chothroman eile gus taic a chur ri ionnsachadh, cleachdadh agus ìomhaigh na Gàidhlig.

Tha Ro-Innleachd nan Ealain Ghàidhlig Ghlaschu Beò na phàirt de Phlana Gàidhlig Ghlaschu. Faicibh www.glasgowlife.org.uk/gaelicarts. Glasgow Life's Gaelic Arts Strategy will be launched on January 20th 2011. The Strategy will ensure that Gaelic continues to grow, inspire and be a significant part of the city's identity in the lead up to the 2014 Commonwealth Games.

With over 20 new partners, highlights include a Gaelic Arts programme with Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu; a Gaelic Arts research initiative; Art Form Forums for all artists interested in Gaelic (across Literature, Drama, Visual Art and Music); and many other events and opportunities to support learning, use and profile of the Gaelic language.

Glasgow Life's Gaelic Arts Strategy is part of Glasgow's Gaelic Language Plan. See www.glasgowlife.org.uk/gaelicarts.

Plana Gàidhlig Ghlaschu 2009 – 2012 Glasgow's Gaelic Language Plan 2009 – 2012

Tha Plana Gàidhlig Ghlaschu 2009 gu 2012 a' mìneachadh nan gnìomhan a bhios a' Chomhairle agus a com-pàirtichean a' gabhail os làimh gus cleachdadh nas fharsainghe air a' Ghàidhlig a bhrosnachadh a thuilleadh air tuigse nas motha do dh'àite na Gàidhlig ann an Glaschu, far a bheil 10% de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach. Tha am Plana a' gabhail ri cudromachd na Gàidhlig do Ghlaschu, an dà chuid ann an seagh cultarach agus eaconamach. Tha am Plana ri fhaotainn air-loidhne aig http://www.glasgow.gov.uk/en/YourCouncil/PolicyPlanning_Strategy/Corporate/GaelicLanguagePlan/ agus leth-bhreac pàipear bho Dhòmhnall Mac a' Phì (faicibh fhiosrachadh gu h-ìosal).

Glasgow's Gaelic Language Plan 2009 to 2012 sets out the actions the Council and partners will take to encourage wider use of the Gaelic language and a greater appreciation of its place in Glasgow, where 10% of Scotland's Gaelic speakers live. The Plan acknowledges Gaelic's importance, both culturally and economically, to Glasgow. The Plan is available online at http://www.glasgow.gov.uk/en/YourCouncil/PolicyPlanning_Strategy/Corporate/GaelicLanguagePlan/ and in hard copy from Donald MacPhee (contact details below).

Fòram Coimhearsnachd Ghàidhlig Ghlaschu Glasgow's Gaelic Community Forum

Tha Plana Gàidhlig Comhairle Baile Ghlaschu ag amas air Fòram Coimhearsnachd Ghàidhlig Ghlaschu a bhrosnachadh agus a leasachadh. Tha am Fòram air a dhèanamh suas à buidhnean agus daoine fa leth anns a' bhaile le ùidh ann an Gàidhlig, agus tha dleastanas air a bhith a' cumail sùil air adhartas leis a' Phlana làithreach. Bidh e a' coinneachadh dà uair sa bhliadhna.

Choinnich am Fòram ann an Seòmraichean a' Bhaile air 4mh Samhain. Bha còrr agus 30 neach an làthair bho 16 diofar bhuidhnean, a thuilleadh air daoine fa leth. Chuala iad òraidean bho Chomhairle a' Bhaile agus Glaschu Beò mun adhartas mhath a thathar a' dèanamh ann am buileachadh mòran de na molaidhean ann am Plana Gàidhlig Ghlaschu. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' togail mothachadh luchd-obrach don Ghàidhlig, a' tairgsinn seiseanan de bhlasad Gàidhlig agus clasaichean luchd-ionnsachaidh, a' leudachadh Foghlam Tron Ghàidhlig agus ionnsachadh na Gàidhlig anns a' choimhearsnachd, agus a' leasachadh ro-innleachd ealain Ghàidhlig don bhaile. B' e coinneamh glè dhòchasach a bh' ann agus coinnichidh am Fòram a-rithist an ceann sia mìosan.

Ma tha tuilleadh fiosrachaidh a dhìth oirbh, cuiribh fios gu Dhòmhnall Mac a' Phì, Oifigeir Leasachaidh na Gàidhlig aig donald.macphee@glasgow.gov.uk no cuiribh gairm-fòn gu 0141 287 5940.

Glasgow City Council's Gaelic Language Plan aims to encourage and develop the Glasgow Gaelic Community Forum. The Forum is made up of organisations and individuals in the city with an interest in Gaelic and plays a role in monitoring progress on the current Plan. It meets twice a year.

The Forum met in the City Chambers on 4th November. Over 30 people came along from 16 separate organisations, as well as individuals. They heard presentations from the City Council and Glasgow Life on the good progress being made in implementing many of the recommendations in Glasgow's Gaelic Language Plan. This includes raising staff awareness about Gaelic, offering taster sessions and some learners' classes, expanding Gaelic Medium Education and Gaelic learning in the community and developing a Gaelic arts strategy for the city. It was a very positive meeting and the Forum will next meet in six months time.

If you would like further information, please contact Donald MacPhee, Gaelic Development Officer at donald.macphee@glasgow.gov.uk or phone 0141 287 5940.

Foghlam Gàidhlig Gaelic Education

Tha Seirbheisean Foghlaim Comhairle Baile Ghlaschu a' liubhairt raon de chothroman do Foghlam tron Ghàidhlig air feadh a' bhaile, a' gabhail a-steach solar tràth bhliadhnaichean, foghlam bun-sgoile agus foghlam àrd-sgoile. Tha seo a' toirt comas eòlais do chloinn air bogadh sa chànan Ghàidhlig rè ama, agus às dèidh sin an curraicealam ga theagasg dhaibh tro mheadhan na Gàidhlig. Chan eil riathanas a thaobh eòlas air a' Ghàidhlig ro-làimh do chloinn a tha a' tighinn a-steach do foghlam tron Ghàidhlig aig Prìomh 1. Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu Seirbheisean Foghlaim, Taigh Wheatley, 25 Sràid Cochrane, Glaschu G1 Fòn: 0141 287 2000, <http://www.glasgow.gov.uk/en/Residents/GoingtoSchool/GaelicEducation/>. Cumaibh sùil a-mach airson ar n-iomairt ùr postair!

Glasgow City Council Education Services deliver a range of opportunities for Gaelic-medium Education across the city, including early years provision, primary and secondary education. This enables children to experience an immersion phase in the Gaelic language and then thereafter be taught the curriculum through the medium of Gaelic. No prior knowledge of the language is required for children who all enter Gaelic-medium at Primary 1. For further information please contact Education Services, Wheatley House, 25 Cochrane St, Glasgow G1 Tel: 0141 287 2000, <http://www.glasgow.gov.uk/en/Residents/GoingtoSchool/GaelicEducation/>. Watch out for our new poster campaign!





Celtic Connections

Togail mòr san Fhaoilleach le 18 latha de cheòl an t-saoghail Brightening up January with 18 days of world class music

Ann an comharrachadh a 18mh chò-là-breith ann an 2011, tha Celtic Connections dìreach ceart mar ùrchasg air dorchadas a' gheamhraidh an dèidh subhachas na Nollaige, le còrr agus 300 tachartas fìor-mhath a' gabhail àite ann an 14 àiteachan coinneachaidh air feadh a' bhaile. A thuilleadh air a bhith a' mòr-thaisbeanadh an tàlaint as fheàrr a th' againn an seo, tha an fhèis cuideachd a' cur fàilte is furan air na ceanglaichean eadar ceòl Ceilteach agus cultaran air feadh na cruinne, le coileanaidhean àrd-ùrlair bho The Waterboys, Seth Lakeman, Lau, Fiddlers' Bid, Zakir Hussain, Mavis Staples, Richard Thompson, Grant Lee Buffalo, Treacherous Orchestra agus Subhachas 70mh Cò-là-breith dha Bob Dylan.

Ann an àiteachan eile, bidh sreath de luchd-ealain Ghàidhlig a tha ainmeil airson a bhith ag adhartachadh an cànan dùthchasach, a' gabhail chun an àrd-ùrlair, leithid Karen NicMhathain, Julie Fowlis, Jenna Chuimeanach, Calum Alex Mac a' Mhaoilein (Dàimh), Darren MacGillEathain agus Mairead Stiùbhart agus Cathy Anna Nic a' Phì a' tilleadh chun na fèise turas eile.

Celebrating its 18th birthday in 2011, Celtic Connections is the perfect antidote to the post-Christmas blues, with over 300 fantastic gigs taking place in 14 venues across the city. As well as showcasing the very best in homegrown talent, the festival also embraces the connections between Celtic music and cultures across the globe, with performances by The Waterboys, Seth Lakeman, Lau, Fiddlers' Bid, Zakir Hussain, Mavis Staples, Richard Thompson, Grant Lee Buffalo, Treacherous Orchestra and a 70th Birthday Tribute to Bob Dylan.

Elsewhere, an array of acclaimed Gaelic artists renowned for championing their native language will take to the stage, including Karen Matheson, Julie Fowlis, Jenna Cumming, Calum Alex MacMillan (Dàimh), Darren MacLean and Margaret Stewart, whilst Cathy Anne MacPhee will make a much-awaited return to the festival.

Ceòl 's Craic aig Celtic Connections

Ceòl 's Craic at Celtic Connections

Tha Ceòl 's Craic mar am meadhan sòisealta agus na àrd-ùrlar do chultar co-aimsireil Gàidhlig ann an Glaschu agus toilichte a bhith mar phàirt de phrògram Celtic Connections san Fhaoilleach. Thigibh còmhla rinn airson trì latha de bhùithtean-obrach, cafaidhean còmhraidh, fiolm, òraidean, bàrdachd, ceòl beò agus dannsa anns an CCA, Sràid Sauchiehall. Am measg nam prìomh thachartasan, bidh taisbeanaidhean àrd-ùrlair bho luchd-ciùil òg à Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu thairis air trì oidhche.

Diardaoin 20mh Faoilleach

Bho 6f, Òrain Dùthchasach Gàidhlig (òraid), Cafaidh Fiolm & Còmhraidh. Taisbeanaidhean àrd-ùrlair beò bho 8f le Brian Ó hEadhra, Club Pìobairean Àrd Mhacha, am bàrd Èireannach Gearóid McLaughlin, agus an seinneadair/sgrìobhadair òrain Iain Moireasdan air àrd-ùrlar còmhla ris a' bhàrd Ghàidhlig, Daibhidh Màrtainn.

Dihaoine 21mh Faoilleach

Bho 6f, Ainmean Àiteachan Gàidhlig ann an Glaschu (òraid), Cafaidh Fiolm & Còmhraidh.

Bho 8f, beò air àrd-ùrlar leis an t-seinneadair Ghàidhlig, Cathy-Anna Nic a' Phì, am pìobaire Barnaby Brown agus an seinneadair Ìnnseanach Prakriti Dutta, a' taisbeanadh pìos co-obrachail stèidhichte air na traidiseanan canntaireachd agus raga bhon chòmhlàn tras-eadamàiseanta IndiaAlba, agus Pìobairean Àrd Mhacha air a leantainn leis an DJ John Mulhearn.

Disathairn 22mh Faoilleach

Bho 6f, Imrich nan Gàidheal a Ghlaschu (Òraid), Cafaidh Fiolm & Còmhraidh. Taisbeanadh beò bho 8f le pìos air ùr chruthachadh le Stephen Lawrie (bho na Telescopes) agus an seinneadair Hanna Tuulikki, dà-phìos pìoba is bàrdachd bho Ronan Browne agus Louis de Paor, a' rannsachadh traidiseanan òrain Ghàidhlig is Lochlannach bhon chòmhlàn Samling, air a leantainn leis an DJ John Mulhearn.

Airson prògram slàn agus tiocaidean fhaotainn, tadhailibh air www.celticconnections.com no cuiribh fios gun Oifis Bocsair air 0141 353 8000. Cuideachd, faicibh www.cca-glasgow.com.

Ceòl 's Craic is the vibrant social hub and platform for contemporary Gaelic culture in Glasgow and is excited to be part of the Celtic Connections programme this January. Join us for three days of workshops, conversation cafés, film, talks, poetry, live music and dancing at the CCA, Sauchiehall Street. Highlights include performances from young musicians from the Glasgow Gaelic School over the three nights.

Thursday 20th January

From 6pm Gaelic Folk Song (lecture), Film & Conversation café. Live performances from 8pm with Brian Ó hEadhra, The Armagh Pipers Club, Irish poet Gearoid McLaughlin, and singer/songwriter Iain Morrison performing with Gaelic poet Daibhidh Martin.

Friday 21st January

From 6pm Gaelic Place Names in Glasgow (lecture), Film & Conversation café. Live performance from 8pm with Gaelic singer Cathy-Ann MacPhee, piper Barnaby Brown with Indian singer Prakriti Dutta performing a collaborative piece based on

canntaireachd and raga traditions from transcontinental band IndiaAlba, plus The Armagh Pipers Club followed by DJ John Mulhearn.

Saturday 22nd January

From 6pm Migration of Gaels to Glasgow (Lecture), Film & Conversation Café. Live performance from 8pm with a newly-commissioned piece by Stephen Lawrie (of the Telescopes) and singer Hanna Tuulikki, a pipe and poetry duo from Ronan Browne and Louis de Paor, an exploration of Gaelic and Norwegian song traditions from the band Samling, followed by DJ John Mulhearn.

For full programme and to book tickets visit www.celticconnections.com or contact the Box Office on 0141 353 8000. Also, see www.cca-glasgow.com.

Tachartasan Litreachais Gàidhlig, Faoilleach – Màrt 2011

Gaelic Literature Events January – March 2011

Am bu toil leibh sgrìobt fiolm no dealbh-chluich a sgrìobhadh, a bheil sibh fìor mheasail air bàrdachd, a bheil feum agaibh air cuideachadh a' lorg an leabhair a-staigh no a bheil sibh airson facail òran Gàidhlig a roinn? Ma tha, cumaibh oirbh a' leughadh ...
Would you like to write a film script or a play, do you have a passion for poetry, do you need help finding the book within or do you want to share a Gaelic song lyric? Read on...

Sgrìobhadh Cruthachail do dhaoine òga 14-18 bliadhna a dh'aois

Creative Writing for 14-18 year olds

Diardaoin 7–9f, 20mh Faoilleach –17mh Màirt, CCA

Thigibh a ghabhail tlachd à suidheachadh càirdeil agus spòrsail leis a' bhuanachadh dhuaisean, an sgrìobhadair òg, Catriona Lexy Chaimbeul. Faodaidh com-pàirtichean an cuid obrach a chur a-steach do chrannchur dhuaisean agus bidh duais airgid ann do na pìosan obrach a bhios air an taghadh.

Thursday 7–9pm,
20th January–17th March, CCA
Come along to a friendly and entertaining space with award-winning young writer Catriona Lexy Campbell. Participants can enter their work into a prize draw and selected works will receive a cash prize.

Sgrìobhadh Cruthachail do dh'Inbhich

Creative Writing for Adults

Diciadain 7– 9f, 19mh Faoilleach –16mh Màirt, CCA

Bidh oide eòlach air sgrìobhadh cruthachail gur stiùireadh air turas gus ur Sgrìobhadh Cruthachail a leasachadh. Bidh cothroman ann ìomhaigh a thogail agus aigheachd a thoirt do leughaidhean fosgailte aig Fèis Litreachais Ghàidhlig Ghlaschu, Leabhar's Craic air 26mh Màirt 2011.
Wednesday 7– 9pm,
19th January–16th March, CCA
An experienced creative writing tutor will lead you through a journey to develop your creative Gaelic Writing. There will be opportunities to profile and to host open readings at Glasgow's Gaelic Literary Festival, Leabhar's Craic on 26th March 2011.



Bitheamaid Liriceach Let's Get Lyrical

Dè na facail òrain no an abairt no an dàn as fheàrr leat? A bheil nì sam bith ann a bheir gàire ort, a bheir ort caoineadh no a tha gad thoirt air ais gu làithean d' òige no don àite as fheàrr leat? Mar phàirt de phròiseact Bitheamaid Liriceach baile a' chiùil UNESCO, tha sinn a' toirt cuireadh do gach neach agaibh an loidhne teacs as fheàrr leibh ann an Gàidhlig ainmeachadh. Buannaichidh an tabhartas as fheàrr £100. Bidh an taghadh deireannach de fhacail air a chleachdadh ann am pìos obair ealain a bhios ag adhartachadh Ealain Ghàidhlig ann am facail ann an Glaschu. Airson pàirt a ghabhail agus fiosrachadh fhaotainn mu na tha gu h-àrd, logaibh a-steach gu www.glasgowlife.org.uk/gaelic-arts no post-d gu rona.macdonald@glasgowlife.org.uk no cuiribh gairm-fòn gu 0141 287 8967.
Have you got a favourite Gaelic song lyric, saying or line for a poem? Is there anything that makes you laugh, cry or takes you back to your childhood or favourite place? As part of the UNESCO City of Music Lets Get Lyrical project we are inviting everyone to nominate a favourite line of text from Gaelic. The best entry will win £100. The final selection of lyrics will be used in a piece of art work that will promote Gaelic Arts in words in Glasgow. To enter, and to receive information on all of the above, please log onto www.glasgowlife.org.uk/gaelic-arts email rona.macdonald@glasgowlife.org.uk or call 0141 287 8967.



Club Leabhair Gàidhlig Ghlaschu Glasgow Gaelic Book Club

Tha coinneamhan air an cumail air a' chiad Dimàirt sa mhìos. Bidh an ath choinneamh air Dimàirt 11mh Faoilleach aig 6.30f anns am Biblocafe, 262 Rathad Woodlands, Glaschu. Ma tha ùidh agaibh a bhith an làthair, cuiribh fios gu 0141 337 6211 no mairim@gaelicbooks.net. Tha fàilte chridheil ro bhuill ùra an-còmhnaidh agus mar sin, nach tigibh còmhla rinn an seo. www.gaelicbooks.org
Meetings are held on the first Tuesday of the month. The next meeting will be on Tuesday 11th January at 6.30pm at Biblocafe, 262 Woodlands, Glasgow. If you are interested in attending please contact 0141 337 6211 or mairim@gaelicbooks.net. New members are always welcome so please feel free to join us. www.gaelicbooks.org



Tha Comhairle nan Leabhraichean air gluasad! The Gaelic Books Council has moved!

Tha Comhairle nan Leabhraichean air gluasad dà dhòras suas an t-sràid gu 32 Sràid Achadh a' Mhansa, Partaig. Tha taghadh mòr de leabhraichean, ceòl, cairtean agus DVDan Gàidhlig sa bhùth ùr. Tha na h-uairean fosglaidh Diluain gu Dihaoine, 9m – 5f agus Disathaimhe 10m – 4f. [The Gaelic Books Council has relocated just two doors up to 32 Mansfield Street, Partick. The new shop has a large selection of Gaelic books, music, cards and DVDs. Opening hours are Monday to Friday, 9am - 5pm and Saturday 10am - 4pm.](http://www.gaelicbooks.org)

Tachartasan Gàidhlig san amharc Gaelic Events Coming Soon

Sommersault le Iain Fionnlagh MacLeòid ann an Taigh-cluiche nan Saoranach, air a thoirt gu buil le Theatar Nàiseanta na h-Alba.
Fèis Leabhraichean Aidh Sgrìobh! (Aye Write!) 4mh–12mh Màirt. A' gabhail a-steach raon fharsaing de dh'òraidean bho ùghdaran agus tachartasan Gàidhlig na lùib.
Leabhar's Craic 26mh Màirt bho 1f san CCA. Fèis litreachais aon latha.
Sommersault by Iain Finlay MacLeod at Citizens Theatre, produced by the National Theatre for Scotland.
Aye Write! Book Festival 4th–12th March. Includes a wide range of author talks and will involve some Gaelic events.
Leabhar's Craic, 26th March from 1pm at CCA. A one-day Gaelic literary festival.

Seinn Gàidhlig san CCA Gaelic Singing at CCA

Tha clas seinn nam mnathan anns an CCA fosgailte do na h-uile le ùidh ann an òrain Ghàidhlig. Chan eil eòlas air Gàidhlig riatanach. Bidh a' bhuidheann a' coinneachadh a-rithist air Diardaoin 20mh Faoilleach aig 7f. Airson clàradh, cuiribh fios gu rona.macdonald@glasgowlife.org.uk, 0141 287 8967.

The women's Gaelic singing class at the CCA is open to all with an interest in Gaelic song. No knowledge of Gaelic is necessary. The group next meets on Thursday 20th January at 7pm. To register please contact rona.macdonald@glasgowlife.org.uk, 0141 287 8967.

Film 's Craic Film 's Craic

Tha Ceòl 's Craic ann an co-bhonn le Fèis Fìolm Ghlaschu air leth toilichte a' coimheadh a thoirt am-bliadhna a-rithist don fhèis bhliadhnail Film 's Craic sa bheil taisbeanaidhean-sgrìon Ghàidhlig agus Filmean an t-Saoghail, a' gabhail a-steach taisbeanaidhean bho FilmG, farpais Film Goirid Ghàidhlig air Disathairn 26mh Gearran. Leanaidh seo air adhart gu aon taisbeanadh beò àrd-ùrlair leis an athair agus mac, Roddy agus Ruairidh Caimbeul (Old Blind Dogs) à Eilean Bharraigh. Am measg tachartasan an fheasgair, bidh follaiseachadh air albam ùr bhon t-seinneadair à Uibhist a Deas, Gillebrìde Mac Ille Mhaoil, agus a' coimheadh sònraichte. Faic www.myspace.com/ceolscaic.

Ceòl 's Craic in association with the Glasgow Film Festival is delighted to host their annual Film 's Craic festival of Gaelic and World Film screenings including presentations from FilmG, the Gaelic Short Film Competition on Saturday 26th February. This will be followed by a special one-off live performance by father-and-son duo Roddy and Rory Campbell (Old Blind Dogs) from the Isle of Barra. The evening's events will also see the launch of a new album by South Uist singer Gillebrìde MacMillan with special guests. See www.myspace.com/ceolscaic.

An Lòchran ag ainmeachadh a chathraiche ùr

An Lòchran names its new chairperson

Tha An Lòchran toilichte Rosemary Nic a' Bhàird ainmeachadh mar an Cathraiche ùr aca. Tha Rosemary cuideachd a-nis na Stiùiriche air Comhairle nan Leabhraichean an dèidh ceithir bliadhna a chur seachad aig Bòrd na Gàidhlig mar Stiùiriche Foghlaim. Gus tuilleadh fhaighinn a-mach mu An Lòchran tadhailibh air an làrach-lìn aca aig www.anlochran.com no air post-d gu duncan@anlochran.com. An Lòchran is delighted to name Rosemary Ward as its new Chairperson. Rosemary is also now Director of Comhairle nan Leabhraichean (Gaelic Books Council) having spent four years with Bòrd na Gàidhlig as Education Director. To find out more about An Lòchran visit its website at www.anlochran.com or e-mail duncan@anlochran.com.

Goireas Ùr Ealain Ghàidhlig Air-loidhne

New Gaelic Arts Online Resource

Tha goireas ùr ealain Ghàidhlig air-loidhne air fhollaiseachadh tro chom-pàirteachas eadar Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail. Tha an làrach-lìn fon ainm 'Ealain Ghàidhlig' no 'Gaelic Arts' a' toirt seachd liosta de na prìomh bhuidhnean agus luchd-ealain a tha a' liubhairt agus a' cur taic ris na diofar ealain Ghàidhlig. Tadhailibh air www.EalainGhaidhlig.com no www.GaelArts.com. A new Gaelic arts online resource has been launched through a partnership between Bòrd na Gàidhlig and Creative Scotland. The website titled 'Ealain Ghàidhlig' or 'Gaelic Arts' lists the main organisations and artists delivering and supporting the various Gaelic arts. Visit www.EalainGhaidhlig.com or www.GaelArts.com.

Cluinnibh Glaschu! (Hear Glasgow!)

Hear Glasgow!

'S e iomairt ùr brosnachail a th' ann an Cluinn Glaschu! do gach neach fo aois 25. Bidh Hear Glasgow @ the Recital Rooms a' cur air adhart Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a' taisbeanadh cuid de luchd-ciùil air àrd-ùrlar air 1ad Gearran 2011. Airson tiocaidean, cuiribh fios gu carollaula@glasgowconcerthalls.com.

Hear Glasgow! is an exciting new initiative for everyone under the age of 25. Hear Glasgow @ the Recital Rooms featuring the Glasgow Gaelic School will be showcasing some music performers on February 1st 2011. For tickets, contact carollaula@glasgowconcerthalls.com.



Pròiseact Gi Pròiseact Gi

Mar phàirt de fhèis Ealain Lèirsinneach Eadar-nàiseanta Ghlaschu, rannsaich Pròiseact Gi na cuspairean co-cheangailte ri dearbh-aithne, cànan agus cultar tro Ghàidhlig agus ealain lèirsinneach co-aimsireil. Chaidh Buidheann Glow a chruthachadh gus lorg a chumail air adhartas Pròiseact Gi agus goireas airson luchd-teagaisg Ghàidhlig a sholarachadh thar 32 sgìrean ùghdarrasan ionadail – pròiseact tùsail agus a' chiad tè ann an Alba. Rachaibh gu <http://www.creativityportal.org.uk/glow-groups.php>.

As part of the Glasgow International Visual Arts festival, Pròiseact Gi explored the themes of identity, language and culture through Gaelic and contemporary visual art. A Glow Group was created to track Pròiseact Gi's progress and to provide a resource for Gaelic speaking teachers over 32 local authority areas - a pioneering project and a first for Scotland. Please go to <http://www.creativityportal.org.uk/glow-groups.php>.



Tachartasan Coimhearsnachd Gàidhlig

Gaelic Community Events

Coinneachadh Gàidhlig Ghlaschu

Glasgow's Gaelic Meet-up

'S e cothrom math a tha seo luchd-ionnsachaidh Gàidhlig eile a choinneachadh agus ur cuid Gàidhlig a chleachdadh gu neo-fhoirmeil. Bidh sinn a' coinneachadh air a' chiad Diciadain sa mhìos aig 7f ann an Taigh-òsta Earra-Ghàidheal. Tha a' choinneamh fìor fhreagarrach do luchd-ionnsachaidh uile agus thathar an-còmhnaidh a' sireadh fhileantaich airson ar cuideachadh. Nam bu mhath leibh a bhith an làthair aig a' choinneachadh seo, a tha saor 's an-asgaidh, faicibh am fiosrachadh gu h-ìosal.

This is a great opportunity to meet other Gaelic learners and use your Gaelic informally. We meet on the first Wednesday each month at 7pm in the Argyle Hotel. The meet-up is ideal for all learners and fluent speakers are always sought after to help out. If you would like to attend this free meet-up please see contact details below.

Farpais-cheist Ghàidhlig Taigh-seinnse

Gaelic Pub Quiz

Thigibh gu oidhche fhìor mhath ann an Taigh-seinnse na Pàirce, Sràid Earra-Ghàidheal, agus ionnsaichibh no cleachdaibh ur cuid Gàidhlig. Tha e a' cosg £2 do gach com-pàirtiche agus tha duaisean ann do na sgiobaidhean sa chiad agus san dàrna h-àite. Tha cothrom ann seinn no ceòl a chluich às dèidh na farpais-cheist. Na h-oidhcheannan ri thighinn: 19 Faoilleach, 7.30f; 16 Gearran, 7.30f.

Come to an excellent night at the Park Bar, Argyle St, and learn or practice your Gaelic. It costs £2 per participant and there are prizes for the first and second place teams. There is an opportunity to sing or perform music after the quiz. Next nights: 19th January, 7.30pm; 16th February, 7.30pm.

Clasaichean Còmhraidh Gàidhlig Ghlaschu

Glasgow's Gaelic Conversation Classes

Rè nan clasaichean cuspaireil seo, bidh sinn a' cur ar luchd-ionnsachaidh an aithne do phrìomh fhigearan Gàidhlig air feadh Ghlaschu agus a' cuideachadh le adhartachadh cultar agus dualchas na Gàidhlig. Tha ar n-oidean

barantaichte faisg air làimh gus cuideachadh le gràmar agus cumaidh iad an còmhradh a' dol fhad 's a tha sibh a' cleachdadh ur cuid Gàidhlig. Tha sinn a' frithealadh gach neach bho luchd-tòiseachaidh gu an fheadhainn a tha ag ìmpis air fileantachd.

Tha clasaichean a' gabhail àite bho 7-9f air an Diciadain mu dheireadh sa mhìos ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Tha clàradh a' cosg £5 airson na sreath de chlasaichean. Gus clàradh, tadhailibh air <http://www.eventelephant.com/gaelic-classes>. Nam bu mhath leibh òraid a liubhairt, tachartas a chur air adhart no dìreach a bhith an sàs, faicibh am fiosrachadh gu h-ìosal.

During these themed classes, we introduce our learners to key Gaelic figures around Glasgow and help to promote Gaelic culture and tradition. Our qualified tutors are on hand to help with grammar and will keep the conversation flowing while you practice your Gaelic. We cater for everyone from beginners to those who are pushing to be fluent speakers.

Classes take place from 7-9pm on the last Wednesday each month in the Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Registration costs £5 for the series of classes. To register, please visit <http://www.eventelephant.com/gaelic-classes>. If you would like to do a talk, promote an event or just get involved, see contact details below.

Airson fiosrachadh mun sin agus tachartasan coimhearsnachd eile, faicibh <http://www.meetup.com/GaelicGlasgow>.

For information on these and other community events see <http://www.meetup.com/GaelicGlasgow>.

Comann Gàidhlig Ghlaschu

Gaelic Society of Glasgow

Tha Comann Gàidhlig Ghlaschu ag eagrachadh sreath de dh'òraidean gach bliadhna air raon de chuspairean co-cheangailte ri Gàidhlig agus beatha na Gàidhealtachd, a' coinneachadh air an treas Dimàirt gach mìos ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu aig 7.30f. Chan eil agaibh ach tionndadh an-àird!

18mh Faoilleach 2011 Mgr Mark Wringe

'Gun tug i Spèis don Armunn' le Iain MacCormaig,

15th Gearran 2011, Mgr

Gillebrìde Mac'IlleMhaoil

'Air Fòrladh.' (Oidhche de dh'òrain)

The Gaelic Society of Glasgow organises a series of talks on a range of subjects relating to Gaelic and Highland life every year, meeting monthly on Tuesday nights in Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, 7.30pm. Just come along!

18th January 2011 – Mark Wringe (talk in Gaelic)

15th February 2011 – Gilbert MacMillan, South Uist (Men's Gold Medal Mòd 2004) Gaelic song.

Prògraman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'inbich ann an Oilthigh Ghlaschu

Gaelic adult learning programmes at the University of Glasgow

Bidh Cùrsaichean Gàidhlig Ùlpan a' tòiseachadh san Fhaoilleach 2011. 'S e dòigh luath agus èifeachdach air Gàidhlig ionnsachadh a th' ann an Ùlpan. Tha labhairt a' tighinn an toiseach agus leughadh is sgrìobhadh a' leantainn beagan

ùine às dèidh sin.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig www.cli.org.uk. Airson fiosrachadh mu chlàradh agus cìsean, cuiribh gairm-fòn gu 0141 330 1860 / 1853 (10m- 4.30f).

Aonadan cùrsa Ùlpan 25 - 48, G277A. A' tòiseachadh

air 18mh Faoilleach airson 6 seachdainean, agus air an cumail dà uair san t-seachdain air Dimàirt agus Diardaoin, 6.15 - 9.30f (12 coinneamh).

Latha Blasad Gàidhlig Ùlpan – Y276B Disathairne 15mh Faoilleach

2011 (1 choinneamh: 3 aonadan - 9.30-11.00, 11.30-13.00, 14.00-15.30)

Oilthigh Ghlaschu, Togalach Naoimh Anndra, 11 Sràid Eldon, Glaschu, G3 6NH, Fòn: 0141 330 1835 Post-d: dace-query@educ.gla.ac.uk

Ùlpan Gaelic Courses start in January 2011. Ùlpan is a fast and effective way to learn Gaelic. Speaking comes first and reading and writing follow a little later.

More information can be found at www.cli.org.uk. For enrolment and fee information, call 0141 330 1860 / 1853 (10am- 4.30pm).

Ùlpan courses Units 25 - 48, G277A. Starts Tuesday 18th January for 6 weeks, and held twice weekly on Tuesdays and Thursdays, 6.15pm - 9.30pm (12 meetings).

Ùlpan Gaelic Taster Day – Y276B Saturday 15th January 2011 (1 meeting: 3 units - 9.30am-11am, 11.30am-1pm, 2pm-3.30pm)

University of Glasgow, St. Andrew's Building, 11 Eldon Street, Glasgow, G3 6NH, Tel: 0141 330 1835

Email: dace-query@educ.gla.ac.uk





Tuilleadh fiosrachaidh mu phrògraman ionnsachaidh coimhearsnachd Ghlaschu Beò
More information on Glasgow Life's community learning programmes

Cuiribh fios gu: Glaschu Beò – Coimhearsnachdan (an Iar), Taigh Gart Sgadain, Corran Dalsetter, Glaschu, G15 8TG. Cuiribh gairm-fòn gu 0141 276 1525 no thoiribh sùil air an làraich-lìn airson tuilleadh fiosrachaidh agus ùrachadh fios aig www.glasgowlife.org.uk.

Please contact: Glasgow Life – Communities (West), Garscadden House, Dalsetter Crescent, Glasgow, G15 8TG. Call 0141 276 1525 or look on our website for more information and updates www.glasgowlife.org.uk.

Ionnsachadh na Gàidhlig Gaelic Learning

Clasaichean ionnsachaidh Gàidhlig inbheach Gaelic adult learning classes

Tha Glaschu Beò a' tairgsinn ceithir ìrean de chlasaichean Gàidhlig: Fìor Luchd-tòiseachaidh, Toiseach tòiseachaidh sa Ghàidhlig (1), Toiseach tòiseachaidh sa Ghàidhlig (2) agus Clas Còmhraidh (còmhradh do luchd-labhairt na Gàidhlig). Tha clasaichean a' ruith mar phrògram 10 seachdainean a' gabhail àite ann an Sgoil Ghàidhlig Glaschu gach feasgar Diluain aig 7-9f, bho 10mh Faoilleach gu 14mh Màirt 2011.

Glasgow Life offers four levels of Gaelic language classes: Absolute Beginners, Introduction to Gaelic (1), Introduction to Gaelic (2) and Clas Comhraidh (conversation for Gaelic speakers). Classes run as 10-week programmes and take place in Sgoil Ghàidhlig Glaschu, on Monday evenings, 7pm-9pm, from 10th January until 14th March 2011.

Gàidhlig do phàrantan – Gàidhlig do theaghlaichean Gaelic for parents – Gaelic for families

A bheil clann agaibh ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus am bu mhath leibh ur sgilean Gàidhlig a leasachadh? Tha Glaschu Beò ag obair leis an sgoil agus feadhainn eile gus raon de chlasaichean, de chùrsaichean agus thachartasan a sholarachadh do phàrantan, clann agus teaghlaichean gus an sgilean cànan a leasachadh. Am measg nan gnìomhachdan, tha:

Do you have children at Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu and would like to develop your Gaelic language skills? Glasgow Life works with the school and others to provide a range of classes, courses and events for parents, children and families to develop their language skills. Activities include:

Clasaichean Phàrant Parents' Classes

Tha cùrsa sia seachdainean cuimsichte air pàrantan chloinne ann am P1 a' ruith gach teirm air Diardaoin bho 6.30 – 8f. Tha am prògram air a theagasg le luchd-teagaisg na sgoile. Tha e a' ruith aig an aon àm ris na Sradagan (faic gu h-ìosal).

A six-week course aimed at parents of P1 pupils runs each term on a Thursday from 6.30pm – 8pm. The programme is taught by school staff. It runs at the same time as the Sradagan (see below).

Sradagan Sradagan

Fealla-dhà is geamannan do sgoilearan bun-sgoile tron bhliadhna sgoile, gach Diardaoin aig 6.30 – 8.00f.

Fun and games in Gaelic for primary school pupils throughout the school year, every Thursday 6.30pm – 8.00pm.

Buidheann Ionnsachaidh Teaghlaich Family Learning Group

Tha a' bhuidheann seo a' coinneachadh gach madainn Disathairne bho 10.30m – 12.30f. Thathar a' tairgsinn cluich air a stiùireadh do chloinn ann an dà bhuidheann aoise, 3-5 agus 5-11, agus clasaichean Gàidhlig do phàrantan (agus sean-phàrantan, uncailean, antaidhean is eile). Tha na buidhnean sin uile a' gabhail àite ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, 147 Sràid Berkeley, Glaschu, G3 7HP.

This group meets every Saturday morning from 10.30am – 12.30pm. It offers supervised play for children in two age-groups, 3-5 and 5-11 and Gaelic language classes for parents (and grandparents, uncles, aunties etc). All these groups take place during term-time in Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, 147 Berkeley Street, Glasgow, G3 7HP.

Clasaichean do phàrantan chloinne a' frithealadh Clasaichean Sgoil-àraich tron Ghàidhlig

Classes for parents of children attending Gaelic Medium Nursery Classes

A bheil ur cuid chloinne a' frithealadh aon de na Clasaichean Sgoil-àraich tron Ghàidhlig? Dh'fhaodadh gum bi ùidh agaibh ann an aon de na clasaichean tron latha do phàrantan chloinne aig sgoiltean-àraich Rowena, Lyoncross agus Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. Tha na clasaichean sin air an cumail san sgoil-àraich no ann an àite faisg air làimh. Cuiribh fios thugainn airson amannan is àiteachan.

Is your child attending one of the Gaelic Medium Nursery Classes? You might be interested in one of the day-time classes for parents of children at Rowena, Lyoncross and Sgoil Ghàidhlig nurseries. These classes are held in the nursery or at a nearby venue. Contact us for times and venues.

Casan Ceòlach Casan Ceòlach

An dèidh a bhith cho soirbheachail leis a' chiad taisbeanadh-ciùil againn 'Sileas san Sgoil' san Ògmhios, tha Casan Ceòlach air ais le taisbeanadh-ciùil ùr-nodha. Mas toil leibh seinn, dannsa no cleasachd, no ma tha sibh airson rudeigin eadar-dhealaichte fheuchainn, nach tigibh gu Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu eadar 6.30f agus 8f gach Diluain. Tha an club a' cosg £1.50 do neach-cloinne agus tha e fosgailte do bhalaich agus nigheanan ann am P3 agus às a dhèidh. Tha sinn an dòchas ur faicinn an sin!

After our success with our first musical 'Sileas san Sgoil' in June, Casan Ceòlach are back with a brand new musical. If you enjoy singing, dancing or acting, or if you want to try something a bit different then why not come along to Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu between 6.30pm and 8pm on Mondays. The club costs £1.50 per child and is open to boys and girls in P3 upwards. We hope to see you there!

Cruinneachaidhean Gàidhlig ann an Leabharlannan Ghlaschu

Gaelic collections at Glasgow Libraries

Tha Leabharlannan Ghlaschu a' solarachadh chothroman ionnsachaidh ann an Gàidhlig do dhaoine de gach aois tro cho-obrachadh le sgioba Ionnsachadh Coimhearsnachd Ghlaschu Beò. Tha cruinneachaidhean ùra ann an Leabharlann agus Ionad Ionnsachaidh Phartaig agus ann an Leabharlann Mitchell, a tha a' gabhail a-steach raon fharsaing de stoc bho ìre leabhraichean deilbh chloinne, uirsgeul inbheach, neo-fhicsean agus nobhailean grafaigeach.

Tha e saor 's an-asgaidh ballrachd a thoirt a-mach ann an leabharlann sam bith ann an Glaschu agus faodaidh do chairt leabharlainn do ghiùlain gu saoghal leughaidh airson tlachd agus ionnsachadh tro raon de CDan Gàidhlig – gus an cànan ionnsachadh agus cluinntinn mar as còir do fhacail a bhith air am fuaimneachadh – leabhraichean ann an Gàidhlig, faclairan Gàidhlig agus leabhraichean Gàidhlig mu Eachdraidh na h-Alba. Tha ruigsinneachd air PC agus Wi-Fi saor 's an-asgaidh don luchd-cleachdaidh againn uile.

Glasgow Libraries provide learning opportunities in Gaelic for people of all ages through working with Glasgow Life's Community Learning team. There are new collections in Partick Library and Learning Centre and The Mitchell Library that include a wide range of stock ranging from children's picture books, adult fiction, non-fiction and graphic novels.

It's free to join any library in Glasgow and your library card can transport you to a world of reading for pleasure and learning through a range of Gaelic CDs – to learn the language and hear how words should be pronounced – Gaelic language books, Gaelic dictionaries and Gaelic books on Scottish History. PC access and Wi-Fi access is also free of charge for any of our customers.

Dè tha ri thighinn? What's coming up?

Fèis Leabhraichean Aidh Sgrìobh! (Aye Write!) – Gnìomhachdan Gàidhlig Aye Write! Book Festival – Gaelic activities


Tha an tachartas fìor shoirbheachail seo a' ruith bho 4mh – 12mh Màirt 2011 ann an Leabharlann Mitchell. Tha am pògram ga leasachadh gu làithreach agus bidh raon fharsaing de dh'ùghdaran is gnìomhachdan air a chur ris, le Gàidhlig nam measg, gus freagairt air gach aois is iartas. Cumaidh sùil air làrach-lìn Aye Write! Airson fiosrachadh às ùr <http://www.ayewrite.com/>.

This hugely successful event runs from 4th–12th March 2011 in The Mitchell Library. The programme is currently being developed but will include a wide range of authors and activities, including Gaelic, to suit all ages and tastes. Keep an eye on the Aye Write! website for updates <http://www.ayewrite.com/>.

Pasgain Ionnsachadh Cànan Learner Language Packs

A' thighinn a dh'aithghearr do leabharlann faisg oirbh. Tha pasgain ionnsachadh cànan gan leasachadh gus daoine a chuideachadh le feabhas a thoirt air an sgilean cànan sa Ghàidhlig. Bidh àireamh de na pasgain sin ann an Leabharlann Phartaig agus Mitchell, le aon phasgan anns gach leabharlann eile air feadh Ghlaschu. Tha sinn a' coimhead air adhart ri ur faicinn anns na leabharlannan againn! Faicibh www.glasgowlife.org.uk/libraries. Faighibh ballrachd ann an Leabharlannan Ghlaschu air Facebook agus leanaidh sinn air Twitter.

Coming soon to a library near you. Learner language packs are being developed to support people develop their Gaelic language skills. Both Partick and The Mitchell Library will have a number of copies of these packs, with a pack in each of the libraries across the rest of Glasgow. We look forward to seeing you in our libraries! See www.glasgowlife.org.uk/libraries. Join Glasgow Libraries on Facebook and follow us on Twitter.



Mun bhileig seo About this newsletter

Tha sinn an dòchas gun d' fhuair sibh tlachd às an dàrna h-eagan de Glaschu Beò – foillseachadh do gach neach le ùidh ann an cànan, ealain agus cultar na Gàidhlig. 'S e glòir-mhiann Ghlaschu gum bi coimhearsnachd bheòthail, shoirbheachail, Ghàidhlig sa bhaile, a tha fosgailte do na h-uile agus tha Glaschu Beò air leth toilichte a bhith comasach air cur ris a' ghloir-mhiann seo.

Nam bu mhath leibh fiosrachadh sam bith a chur thugainn mu thachartasan Gàidhlig ann an Glaschu airson an ath eagan den litir-naidheachd seo, cuiribh fios thugainn ro **25mh Faoilleach 2011** aig glasgowlearning@glasgowlife.org.uk no aig Ionnsachadh Ghlaschu, Glaschu Beò, 3mh Ùrlar, 20 Geata an t-Sròin, Glaschu, G1 5ES.

Chaidh an litir-naidheachd seo a thoirt gu buil le Glaschu Beò le maoineachadh bho Bhòrd na Gàidhlig. Bha am fiosrachadh a th' innte ceart is cothromach aig àm foillseachaidh. Airson tuilleadh fiosrachaidh no ùrachadh-fios mu gnìomhachdan Gàidhlig, thoiribh sùil air an làrach-lìn againn aig <http://www.glasgowlife.org.uk/glaschu-beo> no làrach-lìn nam buidhnean eile a tha air an liosta. We hope you enjoyed the second edition of Glaschu Beò – a publication for everyone with an interest in Gaelic language, art and culture. Glasgow's ambition is to have a vibrant, thriving Gaelic community, open to all and Glasgow Life is delighted to be able to contribute to this ambition.

If you would like to contribute any information on Gaelic activities in Glasgow for the next edition of this newsletter, please contact us by **25th January 2011** at glasgowlearning@glasgowlife.org.uk or Glasgow's Learning, Glasgow Life, 3rd Floor, 20 Trongate, Glasgow, G1 5ES.

This newsletter was produced by Glasgow Life with funding from Bord na Gaidhlig. The information it includes was correct at the time of publication. For more information or further updates on Gaelic activities, please look on our website <http://www.glasgowlife.org.uk/glaschu-beo> or the websites of the other organisations listed.